


## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

**26/06/2017**

### Taisbeanadh Taighean – Tasgaidh Nàiseanta Na h-Alba

Tha Bòrd na Gàidhlig air freagairt fhoillseachadh co-cheangailte ri connspaid a tha air èirigh mun taisbeanadh ùr Bonnie Prince Charlie and The Jacobites a bhios ri fhaicinn ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a dh'aithghearr.

Thuirt Shona Nicllinnein, Ceannard Bhòrd na Gàidhlig: “Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair le tàrr dhiofar bhuidhnean poblach, Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba nam measg, airson dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig air a foillseachadh gu làidir agus aig fior àrd-ìre taobh a-staigh nan diofar bhuidhnean agus air feadh Alba. ’S e bhith a' leasachadh Phlanaichean Gàidhlig aon de na prìomh shlatan-tomhais a tha air ainmeachadh ann an Achd na Gàidhlig far am faigh a' Ghàidhlig spès cho-ionann ann an Alba.

“Anns a' Phlana Ghàidhlig aca tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba air dearbhadh gu bheil iad airson gum bi Beurla agus Gàidhlig taobh ri taobh ann an taisbeanaidhean far a bheil ceangal ann ris a' Ghàidhlig no far a bheil a' Ghàidhlig mar chuspair agus seo cothrom math sin a dhèanamh leis an taisbeanadh Bonnie Prince Charlie and the Jacobites dìreach mar a rinn iad roimhe le taisbeanaidhean mar Fonn's Dùthchas agus Lewis Chessmen Unmasked.

“Tha Bòrd na Gàidhlig mothachail gu bheil gearanan air a bhith aig cuid a dhaoine ann an coimhearsnachd na Gàidhlig mu cho beag Gàidhlig a bhios ri fhaicinn agus ri chluinntinn san taisbeanadh. ’S e bhith ag aithneachadh agus a' toirt spès do bheachdan coimhearsnachd na Gàidhlig aon de na prionnsabalan cudromach eile ann an Achd na Gàidhlig agus tha Bòrd na Gàidhlig a' coimhead air a' chonaltradh a tha air a bhith ann mar phàirt cudromach dhen sin.

“ 'S e cothrom fior mhath a th' ann cuideachd do Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ceanglaichean làidir a dhèanamh ri sgoiltean Gàidhlig agus ris a' choimhearsnachd anns an fharsaingeachd tron taisbeanadh Bonnie Prince Charlie and the Jacobites agus tha Bòrd na Gàidhlig toilichte taic agus comhairle a thabhann dhaibh airson dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile duine, a bhios a' coimhead air an taisbeanadh no ag ionnsachadh mu dheidhinn, a' Ghàidhlig fhaicinn mar phàirt susbainteach dheth.”

**[DEIREADH]**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

*Press Release*



**26/06/2017**

## National Museums Of Scotland – Bonnie Prince Charlie and the Jacobites

Bòrd na Gàidhlig, the lead organisation responsible for the promotion of Gaelic in Scotland has outlined its response to concerns raised within the Gaelic community with regard to the Bonnie Prince Charlie and the Jacobites exhibition which opens at the National Museum of Scotland this weekend.

Shona MacLennan, Bòrd na Gàidhlig Chief Executive, said: “Bòrd na Gàidhlig works with National Museums Scotland and many other public authorities to ensure that Gaelic language and culture is actively promoted in their respective organisations and throughout Scotland. The development of Gaelic Language Plans is one of the key measures outlined in the Gaelic Language Act as a means to achieve equal respect for Gaelic in Scotland. “In their current Gaelic Language Plan, National Museums Scotland make a commitment to include side-by-side English and Gaelic interpretation for exhibitions that have a Gaelic-related theme or connection and the forthcoming Bonnie Prince Charlie and the Jacobites exhibition at the National Museum of Scotland seems like an ideal opportunity for National Museums Scotland to build on their good practice established in such exhibitions as Fonn’s Dùthchas and Lewis Chessmen Unmasked.

“We are aware that concerns have been expressed by members of the Gaelic community at what is seen as a lack of Gaelic content in the exhibition. Recognising and acknowledging the views of the Gaelic community is another important principle contained within the Gaelic Language Act and Bòrd na Gàidhlig sees this discussion as an important part of that.

“There are also fantastic opportunities for National Museums Scotland to engage with Gaelic medium schools and the wider community through the Bonnie Prince Charlie and the Jacobites exhibition and we are happy to offer support and advice to help them maximise the Gaelic experience for all who take part.”

**[END]**